IÙL SO-LEUGH GU RO-INNLEACHD CÒMHDHAIL GHLASCHU – FRÈAM-OBRACH LÌBHRIGIDH SPÀSAIL

COMHAIRLE BAILE GHLASCHU

2023

OIFIGEIL

Dè th' ann an Ro-innleachd Còmhdhail Ghlaschu

- Is e Ro-innleachd Còmhdhail Ionadail Comhairle Baile Ghlaschu a th' ann an Ro-innleachd Còmhdhail Ghlaschu. Is e a' phrìomh ro-innleachd còmhdhail don bhaile. Tha ro-innleachdan air leth eile ann ach co-cheangailte – an Ro-innleachd Còmhdhail Gnìomhach, Plana Nàbaidheachdan So-chòmhnaidh agus Plana Còmhdhail Meadhan a' Bhaile.
- Tha Ro-innleachd Còmhdhail Ghlaschu a' mìneachadh phoileasaidhean na Comhairle a thaobh còmhdhail suas gu 2030. Tha na poileasaidhean sin ag amas air buaidh a thoirt air càch agus ar co-dhùnaidhean a stiùireadh.
- Tha na poileasaidhean sin air an dealbhadh gus dèiligeadh ri duilgheadasan sònraichte. Dh'innis sibh dhuinn mu na duilgheadasan còmhdhail ris am bu chòir dhuinn dèiligeadh ann an **Còmhradh Poblach mu Chòmhdhail Teachdail Ghlaschu** san t-Sultain/Dàmhair 2020. Faodaidh sibh tuilleadh a leughadh an seo www.glasgow.gov.uk/connectingcommunities
- Is e **Frèam-obrach Poileasaidh** a th' ann am pàirt de Ro-innleachd Còmhdhail Ghlaschu. Chaidh co-chomhairleachadh air seo ann an 2021 agus gabhail ris leis a' Chomhairle ann an 2022. Tha e a' mìneachadh lèirsinn airson còmhdhail teachdail seasmhach do Ghlaschu agus poileasaidhean is gnìomhan co-cheangailte ris. Faic www.glasgow.gov.uk/transportstrategy
- Is e **Pàirt 2 de Ro-innleachd Còmhdhail Ghlaschu, Frèam-obrach Lìbhrigidh Spàsail**, cuspair a' cho-chomhairleachaidh seo ann an 2023. Cuidichidh e sinn a' tighinn gu co-dhùnaidhean mu **far** am feum sinn inbheisteadh ann an còmhdhail seasmhach, a chuimseachadh.

Dè th’ ann an Ro-innleachd Còmhdhail Ghlaschu – Frèam-obrach Lìbhrigidh Spàsail?

- Tha Frèam-obrach Lìbhrigidh Spàsail GTS a’ còmhdach nan cuspairean a leanas airson deasbad:
  - Slighean a tha gu h-àraid cudromach do mhòran ghluasad bhusaichean.
  - Pairc is Siubhail (far an urrainn dhut parcadh agus gabh còmhdhail poblach às dèidh sin) agus far am faod feum a bhith againn orra.
  - Ionadan Gluasadachd (far a bheil àireamh de dhiofar roghainnean de chòmhdhail seasmhach a’ tighinn còmhla ann an aon àite) agus far am faod feum a bhith againn orra.
  - Ionadan riarachaidh bathair (far am faod bathar a thoirt còmhla ann an dòigh nas èifeachdaiche) agus far am faod feum a bhith againn orra.
  - Modh-obrach leasaichte a thaobh parcadh san àm ri teachd, a tha a’ gabhail cunntas air feumalachdan còmhdhail seasmhach san sgìre.
  - Dòigh air dèiligeadh ri co-dhùnaidhean doirbh a thaobh ath-riarachadh spàs-rathaid do chòmhdhail seasmhach, far nach eil àite gu leòr do gach nì.
  - Slighean a tha gu h-àraid cudromach airson gluasad trafaig sa bhaile, agus taobh a-staigh a’ bhaile, far am feumar gluasadan charbadan ionadail a phrìomhachadh thar tro-thrafaig, gus taic a chur ri barrachd àite do chòmhdhail seasmhach agus coimhearsnachdan soirbheachail.
  - Eileamaidean a bu chòir buaidh a thoirt air far am bu chòir bun-structar teàirrdsidh charbadan dealain poblach, a bhith air a shuidheachadh san àm ri teachd.

Dè th' ann an Ro-innleachd Còmhdhail Ghlaschu – Frèam-obrach Lìbhrigidh Spàsail?

- Tha Frèam-obrach Lìbhrigidh Spàsail GTS a' gabhail a-steach fiosrachadh mu na pròglaman a leanas, air a bheil a' Chomhairle ag obair mar-thà:

- Nàbaidheachdan So-chòmhnaidh
  - Lìonra Baile airson rothaireachd.
  - Meatro Chluaidh mar a tha air a mholadh leis an ath-ùrachadh air Ath-sgrùdadh Phròiseactan Còmhdhail na h-Alba, ann an com-pàirteachas le Còmhdhail Alba, SPT agus ùghdarrasan ionadail.

- Tha a' Chomhairle air fiosrachadh fhoillseachadh cuideachd air **buaidhean is buannachdan** Ro-innleachd Còmhdhail Ghlaschu, agus lorgaidh sibh sin aig www.glasgow.gov.uk/transportstrategy.
  - Gu sònraichte, tha sinn a' co-chomhairleachadh air an Dreach Aithisg Àrainneachdail bhon phròiseas Measaidh Àrainneachdail Ro-innleachdach.

Dè th' ann an Ro-innleachd Còmhdhail Ghlaschu: Frèam-obrach Lìbhrigidh Spàsail?

Ciamar as urrainn dhut com-pàirteachadh anns a' cho-chomhairleachadh air Ro-innleachd Còmhdhail Ghlaschu: Frèam-obrach Lìbhrigidh Spàsail?

- Feuch gun tèid sibh gu làrach-lìn na Ro-innleachd Còmhdhail, a tha a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air an dòigh com-pàirteachaidh sa cho-chomhairleachadh..
    - www.glasgow.gov.uk/transportstrategy

Tapadh leibh airson ar n-iùl So-leugh gu Ro-innleachd Còmhdhail Ghlaschu, a leughadh: Frèam-obrach Lìbhrigidh Spàsail.

Na dìochuimhnichibh coimhead ri http://www.glasgow.gov.uk/transportstrategy gus am Frèam-obrach Lìbhrigidh Spàsail iomlan a leughadh, agus am fiosrachadh co-cheangailte uile.

Nàbaidheachdan, Ath-ùrachadh agus Seasmhachd,
Comhairle Baile Ghlaschu,
231 Sràid Sheòrais, Glaschu.
G1 1RX

0141 287 2000

ConnectingCommunities@glasgow.gov.uk

OFFICIAL